

AINM:

CLAS:

Ìre 3-5 Fìleantaich

Na Solais

le Iain MacDhòmhnail

Obair Clas

An cuala tu riamh sgeulachdan neònach aig daoine nach gabhadh a mhìneachadh? Bhiodh e math èisteachd ri diofar stòiridhean bho dhiofar dhaoine anns a' chlas. Am faca duine riamh rudeigin neònach nach do thuig iad aig an àm? An cuala duine riamh stòiridhean mu rudan neònach a thachair do dhaoine eile? Am faca duine riamh film a chuir an t-eagal orra?

Èist ris an stòiridh fhìor gu h-ìosal, agus beachdaich air na chunnaic an duine. Saoil dè chunnaic e? Am faca duine as aithne dhut riamh rudeigin mar sin?


[Earrann sgrìobhte den fhìos èisteachd]

B' ann faisg air an Nollaig a thachair e. Bha m' uncail air a bhith a' dràibheadh euslainteach a dh'Inbhir Nis sa chàr agus thàinig e a-steach air a' fàgail an ospadail nach robh e air grèim ithe fad an latha. Bha cabhag air faighinn dhachaigh dhan Eilean Sgitheanach oir bha an oidhche fuar, dorcha is leum e a-steach gu stèisean-peatrail airson ceapaire agus deoch a thogail ann an cabhaig.

Rinn e suas inntinn gum biodh e ciallach dha faighinn a-mach às a' bhaile mus itheadh e, is mar sin, phàirc e ann an cùil ri taobh an rathaid air Loch Nis. Thòisich e air ithe agus gu h-obann, a-mach às an dorchadas, chuala e fuaim eagalach agus chunnaic e solas gu math soilleir air a bheulaibh. Cha b' urrainn dha greimeachadh air dè bh' ann, ach chaidh gaoidh troimhe agus dh'fhairich e gun robh e an làthair rudeigin à saoghal eile.

Dh'fhàs am fuaim na b' àirde, fuaim einnsein a bh' ann, agus beag air bheag, thàinig dithis shaighdearan a-mach às an dorchadas air motair-baic. Bha an solas ga dhalladh ach chunnaic e gu math soilleir gun robh an dithis air an sgeadachadh ann an aodach saighdeir bho àm an dara cogaidh. Tha cuimhne aige fhathast gum faca e na 'gaiters' a bh' orra, stocainnean mòra fada airson na casan a dhion.

Bha am fuaim cho àrd 's nach b' urrainn dha smaoinichadh air rud sam bith eile agus bha eagal cho mòr air gun do sheas fhalt air cùl a chinn. Dh'fhàs e lag agus bha fallas a' sruthadh dheth. Anns a' mhionaid, thuig e gun robh aige ri teicheadh agus sin an dearbh rud a rinn e. Shad e an ceapaire air falbh agus le sgreuch chuibhlichean, fhuair e e fhèin air ais air an rathad gun sion na cheann ach astar a chur eadar e fhèin agus na saighdearan neònach a bha sin – saighdearan à àm eile a bha a' siubhal ri taobh Loch Nis.



Coimhead air an leabhar *Naidheachdan Annasach* agus chì thu an sin gu bheil tòrr de sgeulachdan neònach ann.

Leugh Saobh-chràbhadh fo Creideamh air www.ambaile.org.uk airson fios fhaighinn mun dà shealladh agus mu Choinneach Odhar.

Faclair

Leugh an stòiridh *Na Solais* agus ceangail na faclan air an taobh chli ri faclan/abairtean air an taobh dheas a tha a' ciallachadh an aon rud:

Facal	Ciall
beannag	a' tionndadh na talmhainn
acair	deàlrach, soilleir
taom	fios ron àm mu rudeigin a thachras
treabhadh	rud math a thig à rudeigin
boillsgeil	a' toirt uisge à rudeigin,
a' falamhachadh	
manadh	rud a chumas bàta san aon àite
toradh	plaide a thèid timcheall air na guailnean

Ceistean

1. Seall mar a tha a h-uile càil sàmhach, cofhurtail san taigh aig toiseach na sgeòil.
2. Ciamar a tha e follaiseach gun robh a h-uile càil mar bu chòir a-muigh cuideachd?
3. Carson nach robh an gille beag agus a sheanmhair anns an eaglais còmhla ri phàrantan?
4. Minich na chunnaic an gille an dèidh dha bothag nan cearc a dhùnadh.
5. Nuair a thuig a sheanmhair nach robh an gille beag a' tarraing aiste, dè a' bhuidh a bh' aig seo oirre?
6. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' toirt ort a chreidsinn gur e manadh a chunnaic an gille ceart gu leòr?
7. Aig deireadh na sgeòil, dè an dòigh a th' aige airson sealltainn gu bheil tòrr ùine air a dhol seachad bhon toiseach?

'S ann an uair sin a chunnaic e na solais. Sreath de sholais, feadhainn mhòr, chruinn, shoilleir, a dhà còmhla is iad a' gluasad gu luath tarsainn an talaimh-treabhaidh aca.



Sgrìobhadh cruthachail

Tagh ceist bhon liosta agus sgrìobh pìos air taibhsean no air an eagal.

- Cuimhnich gur e an dòigh sam bi thu ag innse stòiridh an rud as cudromaiche ann am pìos mar seo – feuch ri faireachdainnean sònraichte a thogail ann an daoine eile a leughas e – an t-eagal, truas, co-fhaireachdainn, fearg...
 - Smaoinich air an dòigh a chleachdas tu airson seantansan a chruthachadh – dhèanadh sgeulaiche cinnteach gum biodh e a’ taghadh fhaclan le cùram.
 - Bhiodh e cuideachd mothachail air faid loidhnichean – feadhainn ghoirid, feadhainn eile na b’ fhaide airson aire an leughadair a chumail.
1. “Dubh-eagal mo bheatha.” Sgrìobh sgeulachd no bàrdachd fon tìotal seo.
 2. “Lean mi orm ach bha mi deimhinne gun robh rudeigin gam leantainn ... tron dorchadas, tron choille, tron oidhche...” Sgrìobh stòiridh anns am bi an loidhne seo a’ nochdadh.
 3. “Taibhsean? Na bi gòrach!” Sgrìobh pìos air taibhsean, a’ mìneachadh do bheachd fhèin air a’ chuspair.
 4. Manadh a’ bhàis. Sgrìobh sgeulachd mun dà shealladh.

